



SLEAT perfectly SKYE

FÀILTE

Ann an ceann-a-deas n Eilein, tha cuid de na seallaidhean as brèagha ri fhaicinn ann an Slèite, far a bheil na slèibhteana fraoich a' teàrnadh a dh'ionnsaigh a' chuain ghuirm dhealraich, a tha a' bualadh nan creagan is a' suathadh tràighean min gainmhich, agus air a sgeadachadh le liosan torrach is seann choilltean.

Am measg nan ulaidhean a tha againn chì thu taigh-tasgaidh cliùiteach is seann ghàrraidhean, iomadh taigh-ealain is stiùideo ciùird, sàr bhùithtean, tursan mara, acarsaidean gu leòr, blasad uisge-beatha, consartan is cèilidhean, cho math ri cuairtean brèagha ri taobh na mara.

Cha ghabh àiteachan-fuirich Slèiteach a bheutadh. Tha deagh thaighean-òsta àlainn ann, taighean fèin-fhrith-ealaidh agus taighean math far am faigh thu do chuid-oidhche. Tha rudeigin airson a h-uile duine ann an Slèite, eadar dinnean ann an taigh-bidh le rionnagan Michelin is deagh bhiadh ann an taigh-seinse le ceòl is craic Slèiteach, gheibh thu am biadh as fheàrr san Eilean Sgitheanach an seo.

Agus, tha dualchas beairteach Gàidhealach ann an Slèite, dachaigh ath-bheothachadh na Gàidhlig, far a bheil Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste Ghàidhlig na h-Alba.

Tiugainn is faigh beagan eòlais mar deidhinn sa bhileig seo, tadhail air ar làraich-lìn is chì thu fhèin carson as e Slèite An t-Eilean Sgitheanach gu coileanta **Slèite An t-Eilean Sgitheanach gu coileanta**

THA MAPA MATH BEÒ AGAINN AIR AN LÀRAICH-LÌN, NACH TOIR THU SÙIL AIR AN-DIUGH IS CHÌ THU NA THA RI FHAICINN AN SLÈITE

MAR A RUIGEAS TU SINN:

ha e soirbh Slèite a ruighinn. Airson sealladh eireachdail carson nach tig thu air bàt'-aiseig ChalMac à Malaig a-nall gu Armadal ann an Slèite. Air neo, thig a-nall air an drochaid air rathad an Ath Leathainn is tu a' tionndadh dha do làimh chli ceithir mìltean sìos an rathad.

AN TUILLEADH FIOSRACHAIDH:

Tadhail air an làraich-lìn againn airson an tuilleadh fiosrachaidh air Slèite. Chì thu an naidheachd as ùire an seo agus tòrr fiosrachadh inntinneach eile.

www.visitsleat.org

